




Henry Faulds



Tràth-bheatha

Rugadh Henry Faulds air 1 Ògmhios 1843, ann am Beith, Siorrachd Àir. Bha aige ris an sgoil fhàgail nuair a bha e 13 gus obair fhaighinn airson taic a chumail ris an teaghlach aige. Chaidh e a dh'obair a Ghlaschu mar **chlàrc** agus, aig aois 21, chaidh e gu Oilthigh Ghlaschu far an do rinn e Matamataig, agus an uair sin rinn e **Dotaireachd** aig Colaiste MhicAnndra.

Às dèidh dha crìoch a chur air a' chùrsa aige, bha e na **mhiseanaraidh** agus chaidh a chur gu Iapan ann an 1873. Stèidhich e ospadal ann an Tokyo, le ionad-foghlaim, far am biodh e a' teagasg oileanaich mheadaigeach. Ged a bha e ag obair làn-ùine, dh'ionnsaich e Iapanais, stèidhich e Institiud nan Dall ann an Tokyo, sgrìobh e dà leabhar mu shiubhal san **Ear Chèin**, tòrr artaigilean meadaigeach agus thòisich e trì irisean ùra!

Lorgan-meòir

Fhad 's a bha e a' cumail taic ri caraid aig **cladhach arc-eòlasach**, mhothaich e gun robh **lorgan-meòir** fhathast air **obair-chrèadha** bho na daoine a rinn e. Le bhith **a' sgrùdadh** nan corragan aige fhèin agus corragan a charaidean, bha e den làn-bheachd gun robh na pàtranan sònraichte do gach duine.

Greiseag às dèidh seo, bhris cuideigin a-steach dhan ospadal aige. Chuir na poilis fear den luchd-obrach an **grèim**, ach bha Faulds den bheachd gun robh e **neo-chiontach**. Rinn e coimeas eadar na **lorgan-meòir** a bha aig an ospadal agus aig an duine a bha an grèim agus **dhearbh** e gun robh iad diofraichte. Air sgàth na fianais seo, leig na poilis an duine mu **sgaoil**.

Connspaid

Ann an 1880, **dh'fhoillsich** Faulds artaigil anns an iris 'Nature', ag ràdh gun deigheadh **lorgan-meòir** a chleachdadh gus **eucoirich** a ghlacadh agus **chuir e an cèill** mar a dheigheadh seo a dhèanamh. An-ath-mhìos, sgrìobh Sir William Herschel, Breatannach a bha ag obair anns na **h-Innseachan**, litir chun na h-aon iris ag ràdh gun robh esan air a bhith cleachdadh **lorgan-meòir** mar **ainm-sgrìobhte** bho 1860. Thar nam bliadhnaichean a lean, bha **connspaid** mhòr ann eadar Galton agus Faulds mu dheidhinn cò smaoinich air a' bheachd an toiseach.

A' tilleadh a Bhreatainn

Ann an 1886, thill Faulds a Bhreatainn, agus dh'obraich e mar **lannsair** dha na poilis ann an Staffordshire. **Thabhainn** e an siostam aige do Scotland Yard, ach chaidh a **dhiùltadh**. B' ann ann an 1901 a thòisich am poileas ann an Sasainn ga chleachdadh agus thòisich am poileas ann an Iapan ga chleachdadh ann an 1911.

Ann an 1917, chaidh aontachadh gur e Faulds a' chiad duine a dhearbhadh gun gabhadh lorgan-meòir a chleachdadh gus eucoirich a ghlacadh.

Bàs

Bhàsaich Faulds anns a' Mhàrt 1930, aig aois 86, ann an Wolstanton, Staffordshire. Bha e riamh searbh nach d' fhuair e aithne airson na h-obair aige.





Ceistean



Ceistean Tuigse

1. Carson a dh'fhàg Faulds an sgoil aig aois 13?
2. Dè an obair a bh' aige às dèidh dha crìoch a chur air a' chùrsa aig a' cholaiste?
3. Ainmich trì de na rudan a rinn e fhad 's a bha e ag obair làn ùine anns an ospadal.
4. Dè bha e a' dèanamh nuair a mhothaich e an toiseach gun robh pàtranan sònraichte air corragan gach duine?
5. Ciamar a mhothaich Faulds gum biodh lorgan-meòir feumail don phoileas?
6. Cò mu dheidhinn a bha an artaigil aige anns an iris 'Nature', ann an 1880?
7. Dè a' chonnspaid a bha eadar Faulds agus Galton?
8. Dè an obair a bh' aig Faulds nuair a thill e a Bhreatainn ann an 1886?
9. Cuin a thòisich am poileas ann an Sasainn air an siostam aige a chleachdadh?
10. Cuin agus càit an do bhàsaich Faulds?


Ceistean Smaoineachaidh

1. Smaoinich air na fhuair thu a-mach mu Henry Faulds. Saoil dè an seòrsa duine a bh' ann?
2. Dè tha e a' ciallachadh gun do dh'fhàg e an sgoil "airson taic a chumail ris an teaghlach aige"?
3. Saoil ciamar a bhiodh e a' faireachdainn nuair a leig am poileas an duine neo-chiontach mu sgaoil?
4. Saoil carson a dhiùlt am poileas ann an Sasainn siostam Faulds an toiseach?
5. Saoil ciamar a bhiodh Faulds a' faireachdainn nam biodh e beò an-diugh, agus a' faicinn mar a tha daoine a' cleachdadh lorgan-meòir?
6. An urrainn dhut smaoinichadh air dòighean eile a bhios sinn a' cleachdadh lorgan-meòir an-diugh?
7. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais obair Faulds?





Henry Faulds



Tràth-bheatha

Rugadh Henry Faulds air 1 Ògmhios 1843 ann am Beith, Siorrachd Àir. Dh'fhàg e an sgoil nuair a bha e 13 agus fhuair e obair ann an Glaschu mar **chlàrc**. Nuair a bha e 21, chaidh e gu Oilthigh Ghlaschu far an do rinn e Matamataig, agus an uair sin rinn e **Dotaireachd** aig Colaiste MhicAnndra.

Ann an 1873, chaidh e gu Tokyo, Iapan mar **mhiseanaraidh**. Stèidhich e ospadal far am biodh e a' teagasg oileanaich mheadaigeach. Ged a bha e ag obair làn-ùine, dh'ionnsaich e Iapanais, stèidhich e Institiud nan Dall ann an Tokyo, sgrìobh e dà leabhar mu shiubhal san **Ear Chèin**, tòrr artaigilean meadaigeach agus thòisich e trì **irisean** ùra!

Lorgan-meòir

Fhad 's a bha e a' cumail taic ri caraid aig **cladhach arc-eòlasach**, mhothaich e gun robh **lorgan-meòir** fhathast air **obair-chrèadha** bho na daoine a rinn e. Le bhith a' **sgrùdadh** nan corragan aige fhèin agus corragan a charaidean, bha e den làn bheachd gun robh na pàtranan sònraichte do gach duine.

Greiseag às dèidh seo, bhris cuideigin a-steach dhan ospadal aige. Chuir na poilis fear den luchd-obrach an **grèim**, ach bha Faulds den bheachd gun robh e **neo-chiontach**. Rinn e coimeas eadar na **lorgan-meòir** a bha ri fhaicinn anns an ospadal agus an duine a bha an grèim agus **dhearbh** e gun robh iad diofraichte. Air sgàth sin, leig na poilis an duine mu **sgaoil**.



Connspaid

Ann an 1880, sgrìobh Faulds artaigil airson na h-iris 'Nature', ag ràdh gun gabhadh **lorgan-meòir** a chleachdadh gus **eucoraich** a ghlacadh. An-ath-mhìos, sgrìobh Sir William Herschel, litir chun na h-iris ag ràdh gun robh esan air a bhith a' cleachdadh **lorgan-meòir** mar **ainm-sgrìobhte** bho 1860. Thar nam bliadhnaichean a lean, bha **connspaid** mhòr eadar Galton agus Faulds mu dheidhinn cò smaoinich air a' bheachd an toiseach.

A' tilleadh a Bhreatainn

Ann an 1886, thill Faulds a Bhreatainn, agus dh'obraich e mar **lannsair** aig a' phoileas ann an Staffordshire. B' ann an 1901 a thòisich am poileas ann an Sasainn air an siostam aige a chleachdadh.

Ann an 1917, chaidh **aontachadh** gur e Faulds a' chiad duine a dhearbhadh gun gabhadh lorgan-meòir a chleachdadh gus eucoraich a ghlacadh.

Bàs

Bhàsaich Faulds anns a' Mhàrt 1930, aig aois 86, ann an Wolstanton, Staffordshire. Bha e riamh **searbh** nach d' fhuair e **aithne** airson na h-obair aige.

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh e?
2. Dè an obair a bh' aige ann an Iapan?
3. Ainmich trì de na rudan a rinn e fhad 's a bha e ag obair làn ùine anns an ospadal.
4. Dè bha e a' dèanamh nuair a mhothaich e an toiseach gun robh pàtran sònraichte air corragan gach duine?
5. Ciamar a dhearbhaigh Faulds nach do bhris fear den luchd-obrach a-steach dhan ospadal?
6. Cò mu dheidhinn a bha an artaigil aige anns an iris 'Nature', ann an 1880?
7. Dè a' chonnsaid a bha eadar Faulds agus Galton?
8. Dè an obair a bh' aig Faulds nuair a thill e a Bhreatainn ann an 1886?
9. Cuin a thòisich am poileas ann an Sasainn air an siostam aige a chleachdadh?
10. Cuin a bhàsaich Faulds?


Ceistean Smaoineachaidh

1. Smaoinich air na fhuair thu a-mach mu Henry Faulds. Saoil dè an seòrsa duine a bh' ann?
2. Saoil ciamar a bhiodh e a' faireachdainn nuair a leig am poileas an duine neo-chiontach mu sgaoil?
3. Saoil ciamar a bhiodh Faulds a' faireachdainn nam biodh e beò an-diugh, agus a' faicinn mar a tha daoine a' cleachdadh lorgan-meòir?
4. An urrainn dhut smaoinichadh air dòighean eile a bhios sinn a' cleachdadh lorgan-meòir an-diugh?
5. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais obair Faulds?





Henry Faulds



Tràth-bheatha

Rugadh Henry Faulds air 1 Ògmhios 1843 ann am Beith, Siorrachd Àir. Dh'fhàg e an sgoil nuair a bha e 13 agus fhuair e obair ann an Glaschu mar **chlàrc**. Nuair a bha e 21, rinn e Matamataig aig an **oilthigh** agus an uair sin rinn e **Dotaireachd**.

Ann an 1873, chaidh e gu Tokyo, Iapan mar **mhiseanaraidh**. Stèidhich e ospadal far am biodh e a' teagasg oileanaich mheadaigeach. Ged a bha e ag obair làn-ùine, dh'ionnsaich e Iapanais, sgrìobh e dà leabhar, tòrr artaigilean meadaigeach agus thòisich e trì **irisean** ùra!

Lorgan-meòir

Fhad 's a bha e a' cuideachadh a charaid aig **cladhach arc-eòlasach**, mhothaich e gun robh **lorgan-meòir** fhathast air seann phìosan **crèadha** bho na daoine a rinn e. Le bhith **a' sgrùdadh** nan corragan aige fhèin agus corragan a charaidean, bha e den làn bheachd gun robh na pàtranan sònraichte do gach duine.



Greiseag às dèidh seo, bhris cuideigin a-steach dhan ospadal aige. Chuir na poilis fear den luchd-obrach an **grèim**, ach bha Faulds den bheachd gun robh e **neo-chiontach**. Rinn e coimeas eadar na **lorgan-meòir** a bha ri fhaicinn anns an ospadal agus an duine a bha an grèim agus **dhearbh** e gun robh iad diofraichte. Air sgàth sin, leig na poilis an duine mu **sgaoil**.

A' tilleadh a Bhreatainn



Ann an 1886, thill Faulds a Bhreatainn, agus dh'obraich e mar lannsair aig a' phoileas ann an Staffordshire. B' ann an 1901 a thòisich am poileas ann an Sasainn air an siostam aige a chleachdadh.

Bàs

Bhàsaich Faulds anns a' Mhàrt 1930 aig aois 86, ann an Wolstanton, Staffordshire. Bha e riamh **searbh** nach d' fhuair e **aithne** airson na h-obair aige.

Ceistean

Ceistean Tuigse

1. Cuin agus càit an do rugadh Faulds?
2. Dè an aois a bha e nuair a thòisich e aig an oilthigh?
3. Dè an obair a bh' aige ann an Iapan?
4. Ainmich a dhà de na rudan a rinn e fhad 's a bha e ag obair làn ùine anns an ospadal.
5. Dè bha e a' dèanamh nuair a mhothaich e an toiseach gun robh pàtranach sònraichte air corragan gach duine?
6. Ciamar a dhearbhadh Faulds nach do bhris fear den luchd-obrach a-steach dhan ospadal?
7. Cuin a thill e a Bhreatainn?
8. Dè an obair a bh' aige an uair sin?
9. Cuin a thòisich am poileas ann an Sasainn an siostam aige a chleachdadh?
10. Dè an aois a bha e nuair a bhàsaich e?

Ceistean Smaoineachaidh

1. Smaoinich air na fhuair thu a-mach mu Henry Faulds. Saoil dè an seòrsa duine a bh' ann?
2. Saoil ciamar a bhiodh e a' faireachdainn nuair a leig am poileas an duine neo-chiontach mu sgaoil?
3. Saoil ciamar a bhiodh Faulds a' faireachdainn nam biodh e beò an-diugh agus a' faicinn mar a tha daoine a' cleachdadh lorgan-meòir?
4. An urrainn dhut smaoinichadh air dòighean eile a bhios sinn a' cleachdadh lorgan-meòir an-diugh?
5. Saoil ciamar a bhiodh beatha dhaoine diofraichte às aonais obair Faulds?

